



Poileasaidh foillseachaidh agus sgaoileadh fiosrachaidh

Bu chòir MG ALBA a bhith fosgailte, trìd-shoilleir agus freagairteach.

Obrachaidh MG ALBA taobh a-staigh reachdas is spiorad Achd Saorsa an Fhiosrachaidh 2000 agus ann an spiorad Achd Ath-leasachadh Seirbheisean Poblach (Alba) 2010.

Foillsichidh MG ALBA gu cunbhalach:

- Clàr-gnothaich agus Geàrr-chunntas gach coinneamh Bùird
- Plana Obrachaidh na bliadhna
- Còd giùlain nam ball
- Riaghailtean ionmhasail
- Poileasaidh solarachaidh
- Còd coimiseanaidh
- Clàr ùidhean
- Clàr aoigheachd is thiodhlacan
- Tuarastal an Àrd-Oifigeir

Cumar tachartasan no coinneamhan poblach ann an coimhearsnachdan co-dhiù 4 tursan sa bhliadhna.

Thèid fiosrachadh soilleir a thoirt seachad air làrach-lìn MG ALBA air ciamar a gheibhear gu poblach fiosrachadh fon Achd Dìon Dàta 1998, Achd Saorsa an Fhiosrachaidh 2000, agus Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachail (Alba) 2004.

Thèid pàipearan fhoillseachadh sa chànan san deach an sgrìobhadh. Ma tha dreach Beurla agus Gàidhlig ann, thèid na dhà fhoillseachadh. Ma tha pàipear sgrìobhte ann an aon chànan airson adhbharan obrachaidh thèid fhoillseachadh no a sgaoileadh sa chànan sin ach nithear soilleir air an làrach-lìn gum faodar eadar-theangachadh iarraidh.

Chan fhoillsich MG ALBA fiosrachadh a tha dìomhair air adhbharan coimeirsealta no laghail.



Disclosure and publication policy

MG ALBA should be open, transparent and responsive.

MG ALBA will work within the legislation and spirit of the Freedom of Information Act 2000 and in the spirit of the Public Services Reform (Scotland) Act 2010.

MG ALBA will regularly publish:

- Board agendas and minutes
- Annual Operational Plan
- Members' Code of Conduct
- Financial Regulations
- Procurement Policy
- Commissioning Code
- Register of Interests
- Hospitality register
- Chief Executive's salary

MG ALBA will hold events or public meetings in the community at least four times a year.

MG ALBA's website will give clear information on how to obtain information under the Data Protection Act 1998, Freedom of Information Act 2000 and Environmental Information (Scotland) Regulations 2004.

Papers will be published in the authored language. If English and Gaelic versions exist, both versions will be published. If a paper is written in one language for operational reasons it will be published or disclosed in that language but it will be made clear on our website that a translation can be requested.

MG ALBA will not disclose any confidential information on a commercial or legal basis.